

Tiotal: Gaol agus Dàimhean

Pàirt 1: Dè th' ann an gaol?

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE



Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha mi a' faighinn agus a' cleachdadh sgilean airson dèiligeadh ri dàimhean a tha ag atharrachadh, agus tha mi a' tuigsinn mun bhuaidh mhath a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo shunnd fhaireachail. HWB 2-45a</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt.</p> <p>HWB 2-45b</p>	<ul style="list-style-type: none">• Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean dhàimhean.• Ag aithneachadh nan sgilean a dh'fheumas neach airson dàimhean a làimhseachadh, me fulangas, co-fhaireachdann, dìlseachd, coibhneas, seasmhachd, co-earbsa agus spèis.• A' mìneachadh buaidh dhàimhean deimhinneach air fallaineachd fhaireachail.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann gu bheil diofar sheòrsaichean dhàimhean ann; agus gu bheil buaidh dheimhinneach aig dàimhean deimhinneach air sunnd.
- Gun tuig clann cho cudromach 's a tha faighinn agus gabhail cùram ann an dàimhean pearsanta agus gaoil.
- Gum bi spèis aig clann agus gun cuir iad luach ann an dàimhean ri clann de dhiofar gnè.
- Gum bi clann mothachail do chuideaman a bhios orra a thaobh a bhith ann an dàimhean bràmair.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu dhàimhean.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach 's a tha faighinn cùram, a' gabhail cùram dhaoine eile, a' coimhead às mo dhèidh fhìn agus na thathar a' ciallachadh le gaol.

NÒT: Tha rannsachadh mu phallaineachd feise dhaoine òga a' sealltainn gu bheil barrachd fòcas air brìgh agus eòlas mu bhith ann an gaol na chuideachadh do dhaoin' òga nuair a tha iad a' smaoineachadh mu dhàimhean agus dleastanasan do dhaoine eile. Tha seo air sgàth 's gu bheil daoine òga a' ceangal gaol ri bun-bheachdan deimhinneach leithid earbsa, dealas agus spèis. Bidh clann a tha ag ionnsachadh aig an Dàrna Ìre mar as trice nan ro-dheugairean, ach tha teansa gun èirich na bun-bheachdan deimhinneach sin ann an deasbad. Bidh an seisean seo a' sgrùudadh gaol san fharsaingeachd, a' toirt a-steach gaol eadar párrantan/luchd-cùraim agus clann. Bidh an ath sheisean a' toirt sùil air nòiseanan air daoine eile.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- 2 x cumadh cridhe agus *post-its*
- 100 Kids describe Love (3 mion. 28) https://youtu.be/T_ObrBLVqWg

Obair

1. Tòisich leis a' chiad shlaighd: **Dè th' ann an gaol?** Agus mìnich gum bi an clas/ a' bhuidheann a' sgrùdadh na ceist seo còmhla. Mar thoiseach töiseachaidh iarr air a' chloinn bruidhinn ri caraid rin taobh mu na bheireadh iad mar fhreagairt dhan cheist.
2. **Rudan air a bheil gaol againn.** Dèan dealbh ro-làimh de chridhe mòr air cairt/pàipear ealain air an clàr sibh freagairtean, agus cuir seo ann am meadhan a' clearcaill. Faighnich dhan chloinn Carson a tha cridhe tric air a chleachdad mar shamhla airson gaol, no ma tha e feumail, mìnich gu bheil cuid de dhaoine ag ràdh gu bheil gaol a' toirt spionnad agus toileachas do dhaoine mar a tha cridhe a' toirt fuil dha do bhodhaig. Iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraid le *post-its* airson dealbhan a dhèanamh no faclan a sgrìobhadh de na **daoine** no na **rudan air a bheil gaol aca** no na **rudan as toigh leotha a dhèanamh**. Mar a tha iad ag obair, faodaidh iad na bileagan a stiogadh air a' chridhe, no faodaidh na dithisean tighinn gu aghaidh a' chlas a dh'innse beagan mu na rinn iad.

Cleachd obair na cloinne airson smaoineachadh air a' cheist a-rithist, agus an uair sin na ceistean eile (air na slaghdean) – tha caraidean rin taobh no còmhradh mar aon bhuidheann mhòr ag obair nas fheàrr dhan chloinn.

- **Mar sin, dè th' ann an gaol?**
- **Ciamar a tha gaol a' toirt air neach faireachdainn?**
- **Ciamar a bhios pàrant/neach-cùraim a' sealltann gu bheil gaol aca air a' phàiste aca?**
- **Ciamar a bhios inbheach a' sealltann gaol dhan chèile/duine/bhean aca?**

3. **100 Kids describe Love** (3 mion. 28) https://youtu.be/T_ObrBLVqWg Coimhead am film goirid seo agus brosnaich còmhradh. Am bi a' chlann a' bruidhinn mu chuspairean mar seo?
4. **Gaol a bhith againn oirnn fhìn:** Cleachd na slaghdean airson còmhradh a thòiseachadh mu cho cudromach 's a tha e gum bi gaol a bhith againn oirnn fhìn. Dèan ceanglaichean sam bith a tha feumail gu amannan eile nuair a bhruidhinn sibh 's a rinn sibh meòrachadh air faireachdainnean, ann an dòigh dheimhinneach a tha mothachail do fheartan. Seo 2 shlaighd le quotes. Cleachd aon dhiubh no na dhà mar a tha thu a' meas freagarrach. Meòraich air am beachdan a thaobh cho cudromach 's a tha e gaol a bhith agad ort fhèin.

Bi tolichte annad fhèin. Gabh ri easbhaidhean sam bith annad fhèin agus ris na rudan àraig. Agus cuimhnich gu bheil thu a cheart cho foirfe ri neach sam bith eile. Ariana Grande

Os cionn gach rud biodh gaol dùrachdach agad ort fhèin an toiseach. 'S e rud cumhachdach a th' ann am fèin-ghaol agus 's e an gaol as fheàrr a bhios agad gu bràth. Nuair a tha gaol agad ORT FHÈIN mar neach, bidh do dhàimhean nas fallaine, agus bidh do bheatha nas tolichte. Tha fèin-ghaol a' comharrachadh an làimhseachaidh a tha dùil againn ris bho dhaoine eile agus bhuainn fhìn. Tha do thoileachas agus do shunnd cudromach. Coimhead às a dhèidh le bhith a' cur luach annad fhèin! Stephanie Lahart, ùghdar

5. **Rudan a tha gaolach mu ar deidhinn fhèin - agus mu chàch a chèile!**
Thoir a-steach an ath leasan far am bi sibh a' bruidhinn mu na rudan a tha sinne sa chlas/ bhuidheann a' meas gaolach mu ar deidhinn fhìn. Agus cuideachd airson ar cuideachadh ma tha sinn a' faireachdann beagan diùid mu bhith a' déanamh sin, faodaidh sinn cuideachd aire a tharraing gu rudan a tha sinn a' meas gaolach mu chàch a chèile. Thoir cumadh cridhe eile a-mach agus iarr air a' chloinn obrachadh còmhla a-rithist airson postair eile a dhèanamh air a bheil na

rudan a tha an clas/a' bhuidheann a' meas gaolach mun deidhinn fhèin, agus cuideachd mun caraidean agus buill a' chlas. Theirig thairis air freagairtean agus dèan còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart.

6. Seall/dèan taisbeanadh de na postairean. Cuir crìoch air an t-seisean le bhith a' tarraing aire chun na h-obrach. Inns dhaibh gum bi sibh a' bruidhinn, san ath sheisean, mu mar a bhios nòisean aig daoine air daoine eile agus mar a bhios gaol aca air a chèile. Air an t-seachdain seo thoir cuireadh do dh'aoigh tighinn a-steach a dh'fhaicinn nam postairean agus a bhruidhinn ris a' chloinn mun deidhinn.

Ceangal ris an dachaigh

Faodaidh sibh an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh ag innse mu na bhios a' chlann ag ionnsachadh sa bhloc ionnsachaidh seo.

Tha a' chlann a' leantainn orra ag ionnsachadh mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd. Bidh sinn ag obair còmhla air leasain mu ghaol agus dàimhean. Bidh sinn a' bruidhinn mu dheidhinn dè th' ann an gaol. Tha seo a' toirt a-steach gaol eadar daoine a th' ann an dàimh, gaol eadar pàiste agus pàrant/neach-cùraim, gaol eadar caraidean, agus cho cudromach 's a tha e gaol a bhith againn oirnn fhìn agus a bhith a' cur luach oirnn fhìn. Meòraichidh sinn cuideachd air luach nan dàimhean eadar balaich is nigheanan, agus mar as urrainn na dàimhean sin a bhith aig clann gun a bhith gam mìneachadh mar dhàimhean leannain. Mar chuideachadh leis a' phios mu dheireadh seo, beachdaichidh agus bruidhnidh a' chlann air cuid de shuidheachaidhean, agus cuidichidh na suidheachaidhean sin a' chlann gu beachdachadh air mar a dhèiligeas iad ri cuideaman no draghan, agus ann a bhith a 'coimhead air fuasglaidhean, ionnsaichidh iad gum faod càirdeas eadar nigheanan is balaich a bhith dìreach mar sin. Dh'fhaodadh tu cuideachd na rudan sin a dheasbad aig an taigh.

- 'S toigh le Raibeart Jessica, tha iad nan caraidean. Chòrdadh e ri Raibeart Jessica fhaighinn mar bhràmair. **Dè as urrainn Raibeart a dhèanamh?**
- Tha Isabella agus Beth nan caraidean. Tha cuid dhen chloinn a' magadh orra ag ràdh gum e bhith gu bheil iad nam bràmairean. Tha seo sàrachail. 'S toigh leotha a chèile ach chan e gnothach neach eile a th' ann. **Dè as urrainn Isabella agus Beth a dhèanamh?**
- Mar as trice bidh Lauren agus Sergei a' coiseachd dhachaigh còmhla às dèidh na sgoile. Tha Lauren ag iarraidh breith air làimh air Sergei. Chan eil Sergei ag iarraidh ach gum bi iad nan caraidean, agus chan eil e airson breith air làimh oirre. **Dè as urrainn Sergei a dhèanamh?**
- Gach turas a thig seannhair Daniel air chèilidh bidh i a' faighneachd air beulaibh a h-uile duine: "Nach eil bràmair agad fhathast?" Bidh e air a nàrachadh gu mòr. **Dè as urrainn Daniel a dhèanamh?**

Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

- Nòiseanan air daoine eile

Nòtaichean Tidseir